



# Solas air Muir Dhomhainn

Nuair a smaoinicheas sinn air riofan corail, 's dòcha gun dèan sinn dealbh de riofan dathach ann an uisge blàth, tropaigeach. Ach an robh fios agad, gum bi riofan corail ann an uisge nas fhuaire cuideachd, uisge cho domhainn 's nach ruig solas na grèine iad?

Dìreach mar an càirdean tropaigeach, tha riofan corail san uisge fuar againne nan àrainn do dh'iomadh seòrsa creutair a bhios a' faighinn fasgadh, biadh agus fiù 's àite sàbhailte anns am beir iad uighean am measg a' chorail.

Chan eil uiread a thugse againn air na riofan seo 's a tha againn air an fheadhair ann am pàirtean dhen mhuir nach eil cho domhainn 's a tha furasta faighinn thuca. Airson an sgrùdadh, feumaidh luchd-saidheans teicneòlas sònraichte a chleachdadadh mar ROVs agus landairean (faic X airson tuilleadh fiosrachaiddh). Le bhith a' lorg fhuasglaidhean dha na duilgheadasan co-cheangailte ri faighinn dha na h-àrainnean sin a tha domhainn sa mhuir, lorgaidh luchd-saidheans an iomadachd iongantach de bheathaichean a tha air tighinn suas ris na h-àiteachan a bha sinn uair an dùil a bha falamh agus gun bheatha.

Airson an cuan a dhòn, feumaidh sinn a thuigsinn. 'S ann airson sin a tha e cudromach gum bi luchd-saidheans ag obrachadh còmhla airson solas a thoirt dhuinn air na h-eag-shiostaman domhainn seo.



JM Roberts

## Obair

### Feumaidh tu:

- Crogan glainne glan
- Coinneal teatha
- Stuthan airson sgeadachadh
- ◊ Tha sinn a' moladh mharcairean buan chionn chì thu iad gu math air glainne.
- ◊ Ma tha e agad, tha peant airson glainne dhatte math, ach mura bheil, chan eil e gu diofar!
- ◊ Tha pàipear tissue agus glaodh PVA math cuideachd



## Mar a nì thu e

- Cleachd na dealbhan a thog na ROVs air costa an iar Alba airson beachdan a thoirt dhut, agus dèan dealbh air taobh a-muigh a' chrogain de riof corail domhain sa mhuiр
- Leig leis tioramachadh.
- Feumaidh tu inbheach còmhla riut airson a' phàirt seo. Cuir coinneal teatha bheag dhan chrogen agus iarr air inbheach a lasadh.
- Feuch nach cleachd thu coinnlean uair sam bith mura bheil inbheach mun cuairt.



haidh an obair seo a dhèanamh le Dr Laurence De Clippele bho Oilthigh Dhùn Èideann agus tha e stèidhichte air an obair a rinn i aig an ATLAS Project.



Fhuair am pròiseact seo maoineachadh bhon phrògram rannsachaидh 's innleachaidh European Union's Horizon 2020 fo aonta grant Àir. 678760 (ATLAS). 'S e beachd an ùghdair a-mhàin a tha san obair seo agus chan eil gnothach aice ri dòigh sam bith air an tèid am fiosrachadh a th' ann a chleachdadh.